




Bloighean, bloighean deiceach agus ceudadan

Teirmean	Eisimpleirean	Mìneachadh
Seòrsaiche coitcheann		<p>Nuair a tha an t-aon seòrsaiche (an àireamh gu h-ìosal) aig dà bhloigh no barrachd, tha seòrsaiche coitcheann aca.</p> <p>Chan urrainn dhut bloighean a chur-ris no a thoirt-air-falbh ach nuair a tha an t-aon seòrsaiche coitcheann aca, me. $2/5$ agus $3/5$.</p>
Bloigh dheiceach		<p>Bloigh far a bheil an seòrsaiche (an àireamh gu h-ìosal) na chumhachd de dheich (leithid 10, 100, 1000, etc). Tha iad sgrìobhte le puing deiceach, me.</p> <p>Is e bloigh dheiceach a th' ann an $7/10$ agus gabhaidh e a shealltainn mar 0.7. Tha seo co-ionann ri 7 deicheamhan.</p> <p>Is e bloigh dheiceach a th' ann an $43/100$ agus gabhaidh e a shealltainn mar 0.43. Tha seo co-ionann ri 4 deicheamhan agus 3 ceudamhan.</p> <p>Is e bloigh dheiceach a th' ann an $51/1000$ agus gabhaidh e a shealltainn mar 0.051.</p> <p>Tha seo co-ionann ri 5 ceudamhan agus 1 mhìleamh.</p>



Bloighean, bloighean deiceach agus ceudadan

<p>Puing dheiceach</p>		<p>Puing no dotag air a chleachdadh gus am pàirt den àireamh shlàn a sgaradh bhon phàirt bhloigheach de dh'àireamh.</p> <p>Ann an obrachaidhean a-mach, chan eil a' phuing dheiceach a' gluasad. Tha àireamhan a tha deas don phuing dheiceach nas lugha na 1 agus air an riochdachadh le deicheamhan, ceudamhan is eile (faic an diagram).</p> <p>Tha àireamhan a tha clì don phuing dheiceach nan àireamhan slàn. Glè thrìc tha aonadan aithnichte mar 'aon-an'.</p>
<p>Seòrsaiche</p>		<p>Leis an àireamh den bhloigh gu h-ìosal, me. ann an $\frac{1}{2}$, is e 2 an seòrsaiche.</p>
<p>Roinn co-ionann / roinn cothromach</p>		<p>Sgrùdadh roinneadh tràth tro sgoltadh co-ionann air buidheann de nithean gu àireamh de bhuidhnean nas lugha. Tha seo a' daingneachadh bun-bheachd bhloighean, <i>me</i>. Tha 12 ùbhlán agus 6 nar chloinne aig a' chuirmeach. Cia mheud ubhal a gheibh gach pàiste gus am bi e cothromach?</p> <p>Tha e cudromach cuideachd roinneadh neo-ionann a sgrùdadh le uimhreachan 'còrr'.</p>



Bloighean, bloighean deiceach agus ceudadan

<p>Bloighean co-ionann</p>	<div style="text-align: center;">  <p>$\frac{1}{2} = \frac{2}{4} = \frac{4}{8}$</p> </div> <div style="text-align: center;"> <p>1 àireamh shlàn</p>  </div>	<p>Tha bloighean aig a bheil luach co-ionann aithnichte mar bhloighean co-ionann. Dh'fhaodadh iad a bhith a' coimhead eadar-dhealaichte ach le luach co-ionann, me. tha aon leth co-ionann ri dà chairteal a tha cuideachd co-ionann ri ceithir ochdamhan. Tha balla bhloighean na dhòigh lèirsinneach air bloighean co-ionann a thathar a' cleachdadh gu bitheanta, a thuigsinn.</p>
<p>Bloigh</p>	<div style="text-align: center;"> <p>1 àireamh shlàn</p>  </div> <p>Tha am pàirt uaine na bhloigh de dh'uumhir slàn. Tha 1 de 5 pàirtean uaine, mar sin is e aon chòigeamh bloigh na pàirt uaine. $\frac{1}{5}$</p> <p>The 4 de 5 pàirtean buidhe, mar sin is e ceithir chòigeamhan bloigh nam pàirtean buidhe. $\frac{4}{5}$</p>	<p>Pàirt de dh'uumhir slàn. Tha an àireamh gu h-ìosal (seòrsaiche) ann am bloigh ag innse cia mhead pàirt co-ionann sa bheil an uimhir shlàn air a sgoltadh. Tha an àireamh gu h-àrd (àireamhaiche) ann am bloigh ag innse cia mhead pàirt a tha agad anns a' bhloigh sin, me. tha $\frac{3}{5}$ a' ciallachadh gu bheil an uimhir shlàn air a sgoltadh ann an 5 phàirtean co-ionann agus gu bheil thu ag obair le 3 de na pàirtean sin.</p>



Bloighean, bloighean deiceach agus ceudadan

<p><u>Balla bhloighean</u></p>		<p>Is e balla a tha seo far a bheil gach sreath sa bhalla a' riochdachadh aon àireamh shlàn. Tha gach sreath air a sgoltadh ann an diofar phàirtean co-ionann (bloighean den uimhir iomlan). Is urrainn dha cuideachadh le bloighean co-ionann a lèirsinneadh cuideachd.</p> <p>San ìomhaigh seo, chì thu dàimhean mar sin mar;</p> <ul style="list-style-type: none"> - dà leth co-ionann ri aon uimhir slàn - dà chairteal co-ionann ri aon leth - ceithir ochdamhan co-ionann ri dà chairteal agus aon leth - aon trian co-ionann ri dà shiathamh, is eile...
<p>Buidheannachadh</p>		<p>Tuigsinn gum faod seata de nithean a bhith air am buidheannachadh ann an àireamh de bhuidhnean nas lugha – uaireannan ann an uimhreachan co-ionann, uaireannan ann an uimhreachan neo-ionann.</p>
<p>Ceudamhan</p>		<p>1 phàirt de 100 pàirt co-ionann, me 1/100, 0.01. Tha aon cheudamh den bhloc 100 seo air a chomharrachadh.</p>


Bloighean, bloighean deicheach agus ceudadan

		
Bloigh anabharr	$\frac{8}{5}$ $\frac{16}{6}$ $\frac{25}{13}$	Bloigh far a bheil an àireamhaiche (an àireamh gu h-àrd) nas motha na an seòrsaiche (an àireamh gu h-ìosal).
Àireamh mheasgaichte	$2 \frac{3}{4}$ $5 \frac{1}{2}$	Àireamh far a bheil àireamh shlàn agus bloigh co-mheasgte.
Àireamhaiche		Leis an àireamh gu h-àrd, me ann an '¼', is e 1 an àireamhaiche.
<u>Bloighean òrdachaidh</u>		Cur bloighean ann an òrdugh a rèir meud / luach. Gus seo a dhèanamh, faodaidh e a bhith cuideachail seòrsaiche coitcheann a lorg anns na bloighean agus an iompachadh gus am bi an seòrsaiche ceudna aca. Faodaidh tu an uair sin na bloighean a choimeasadh agus an òrdachadh a rèir meud / luach.
Ceudad		Tha ceudad a' ciallachadh pàirtean gach 100. Is e % an samhla a chleachdar air a shon. Eisimpleir: 25% a' ciallachadh 25 anns gach 100 (tha 25% den bhogsa seo uaine).



Bloighean, bloighean deicheach agus ceudadan

<p>Bloigh àbhaisteach</p>		<p>Bloigh far a bheil an àireamhaiche (an àireamh gu h-àrd) nas lugha na an seòrsaiche (an àireamh gu h-ìosal) me is e bloigh àbhaisteach a th' ann an $\frac{1}{2}$.</p>
<p><u>Co-chuid</u></p>	<div style="text-align: center;">  </div> <div style="border: 1px solid black; padding: 5px; margin: 10px auto; width: fit-content;"> <p>Tha na dealbhan agus bloighean seo ann an co-chuid, agus an àireamhaiche a' meudachadh leis a' cho-chuid cheudna (iomadachadh le 2) agus an seòrsaiche a' meudachadh leis a' cho-chuid cheudna (iomadachadh le 2).</p> </div> <div style="text-align: center; margin-top: 20px;">  </div> <div style="border: 1px solid black; padding: 5px; margin: 10px auto; width: fit-content;"> <p>Tha na ceart-cheàrnaich seo ann an co-chuid, agus an àirde a' meudachadh leis a' cho-chuid cheudna (iomadachadh le 3) agus am fad a' meudachadh leis a' cho-chuid cheudna (iomadachadh le 3).</p> </div>	<p>Tha 'ann an co-chuid' a' ciallachadh gu bheil dà cho-mheas no bloigh co-ionann, me <i>tha</i> $\frac{1}{3} = \frac{2}{6}$ ann an co-chuid – tha iad 'co-chuideil' – co-ionann ris an aon uimhir.</p> <p>Tha co-chuid a' ciallachadh cuideachd gu bheil dà luach co-chuideil nuair a tha atharrachadh ann an aon an-còmhnaidh le atharrachadh anns an fhear eile. Mar a bhios aon uiread a' meudachadh no a' lùghdachadh, bidh an uiread eile a' meudachadh no a' lùghdachadh leis a' cho-chuid cheudna.</p> <p>Dh'fhaodadh suidheachaidhean fìor far a bheil co-chuid cudromach, a bhith: measgachadh saimeant, ag ullachadh dath fuilte, còcaireachd / bèicearachd.</p>
<p>Co-mheas</p>		<p>Tha co-mheas a' taisbeanadh meudan dàimheach dà luach no barrachd. Faodar co-mheasan a shealltainn ann an diofar dhòighean, a' cleachdadh ":" no mar àireamh shingilte le bhith a' roinn aon luach leis an iomlan.</p> <p><i>me. ma tha 1 bhalach agus 3 nigheanan ann, dh'fhaodadh tu an co-mheas a sgrìobhadh mar:</i></p>


Bloighean, bloighean deiceach agus ceudadan

		<p>1:3 (airson gach aon bhalach tha 3 nigheanan, tha 1/4 nam balaich agus 3/4 nan nigheanan.</p> <p>Tha 0.25 nam balaich (le bhith a' roinn 1 le 4), tha 0.75 nan nigheanan.</p> <p>Tha 25% nam balaich (0.25 mar cheudad), tha 75% nan nigheanan.</p>
<p>Còrr</p>		<p>An uimhir a tha “còrr” an dèidh obrachadh a-mach a chrìochnachadh, me bhiodh 23 air a roinneadh co-ionann le 5, 4 còrr 3.</p>
<p><u>Simpleachadh bloigh</u> <u>/Lùghdachadh bloigh</u></p>	<p>Simplich am bloigh $\frac{9}{12}$</p> <p>Lorg an àireamh as àirde a tha a' roinneadh dìreach don àireamhaiche agus don t-seòrsaiche (12). Is e seo am factar coitcheann as àirde.</p> <p>Sa chùis seo, is e 3 am factar coitcheann as àirde.</p> <p>Roinn an àireamhaiche (an àireamh gu h-àrd) agus an seòrsaiche (an àireamh gu h-ìosal) le 3.</p> <div style="text-align: center;">  </div>	<p>Tha sìmpileachadh (no lùghdachadh) bhloighean a' ciallachadh bloigh a dhèanamh cho sìmplidh 's a ghabhas, 's e sin, sìos chun an t-seòrsaiche as ìsle a tha comasach.</p> <p>Airson bloigh a shìmpileachadh, roinn gu h-àrd agus gu h-ìosal leis an àireamh as àirde a ghabhas a roinneadh dìreach don dà àireamh (am factar coitcheann as àirde).</p>

Bloighean, bloighean deiceach agus ceudadan

<p>Deichean de mhileamhan</p>		<p>1 phàirt de 10 000 pàirt co-ionann, me 1/10 000, 0.0001.</p>
<p>Deicheamhan</p>		<p>1 phàirt de 10 phàirtean co-ionann, me 1/10, 0.1. Tha deicheamh den bloca 100 sin air a chomharrachadh.</p>

Bloighean, bloighean deiceach agus ceudadan

<p>Mileamhan</p>		<p>1 phàirt de 1000 pàirt co-ionann, me 1/1000, 0.001.</p>
<p>Bloigh aonaid</p>		<p>Bloigh far a bheil an àireamh gu h-àrd (àireamhaiche) 1, me 's e bloigh aonaid a th' ann an $\frac{1}{4}$.</p>
<p>Bloigh anabharr</p>		<p>Bloigh air a libhrigeadh le àireamhaiche is seòrsaiche a-mhàin, chan ann gu deiceach, me '$\frac{1}{2}$' Aithnichte cuideachd mar 'bloigh coitcheann'.</p>